

An Litir Bheag

le Ruairidh MacIlleathain

An Litir Bheag is a shortened and simplified version of Ruairidh's Litir do Luchd-ionnsachaidh (also available on the BBC website), designed for those who are at an earlier stage of learning Gaelic. The topic each week is the same as Litir do Luchd-ionnsachaidh so that, once the Litir Bheag is mastered, a student of the language might wish to try the full Litir. This is Litir Bheag 85 (which corresponds to Litir 389). Ruairidh can be contacted at roddy.maclean@bbc.co.uk.

O chionn bhliadhnaichean, rinn mi prògraman rèidio air eileanan beaga ann an Earra-Ghàidheal. Chaidh mi a Ghiogha, Ulbha, na h-Eileanan Treisnis, Colasa agus Lios Mòr. Chòrd iad uile rium. Bha iad uile brèagha. Bha na daoine orra laghach. Ach chòrd aon eilean rium gu h-àraidh – Lios Mòr.

Thug Dòmhnall MacIlleDhuibh taic mhòr dhomh. Tha Dòmhnall à Lios Mòr. Tha e air a bhith a' fuireach ann fad a bheatha. Tha fìor dheagh Ghàidhlig aige. Agus tha e fiosrachail mu eachdraidh an eilein.

Sgrìobh Dòmhnall leabhar mu dheidhinn Lios Mòr. Tha e dà-chànanach. 'S e an t-ainm air an leabhar *Sgeul no Dhà às an Lios/A Tale or Two from Lismore*.

Tha Dòmhnall ag innse mu Naomh Moluag. Bha Moluag cudromach ann an eachdraidh na h-Alba. Bha e beò aig an aon àm ri Calum Cille. A rèir beul-aithris bha an dà naomh air Lios Mòr còmhla. Thuirt Calum Cille, "An e seo an Gàrradh Mòr?"

Fhreagair Moluag, "'S e Lios torrach a tha an seo.'" Fhuair an t-eilean ainm mar sin. Lios Mòr. Bha Moluag na anam-charaid don eilean. Anam-charaid – *a soul friend*. Fhuair Moluag foghlam ann am Manachainn Bheanachair. Tha Beanachar, no *Bangor*, ann an ceann a tuath na h-Èireann.

Thàinig e gu cladach Lios Mòr. 'S e Port Moluag an t-ainm air an àite. Tha allt ann. Aig an allt bha craobhan feàrn' a' fàs. Agus tha craobhan feàrn' ann fhathast.

Stèidhich Moluag manachainn ann an Ros Mhaircnidh. Stèidhich e manachainn eile aig Mortlach ann am Moireibh.

Stèidhich feadhainn eile àiteachan Crìosdail ann an ainm Mholuaig – ann am Muile, Tiriodh, Ratharsair agus san Eilean Sgitheanach. Tha teampall a tha a' comharrachadh Mholuaig ann an Nis, ann an ceann a tuath Leòdhais.

Chaochail Moluag anns a' bhliadhna còig ceud, naochad 's a dhà (592). Tha cuid ag ràdh gun robh e air a thiodhlacadh ann an Àird Chlach faisg air Eilginn. Tha Dòmhnall a' sgrìobhadh gun do "dh'fhalbh ceithir air fhichead de ghillean làidir Liosach". Thug iad an naomh dhachaigh a Lios Mòr. Bha e air a thiodhlacadh anns an eilean. Sia ceud bliadhna às dèidh sin, chaidh Àrd-eaglais Earra-Ghàidheal a thogail anns an aon àite.

* * * * *

Faclan is abairtean: o chionn bhliadhnaichean: *years ago*; eileanan beaga ann an Earra-Ghàidheal: *small islands in Argyll*; chaidh mi a Ghiogha, Ulbha, na h-Eileanan Treisnis, Colasa agus Lios Mòr: *I went to Gigha, Ulva, the Treshnish Islands, Colonsay and Lismore*; chòrd iad uile rium: *I enjoyed them all*; gu h-àraidh: *particularly*; thug Dòmhnall MacIlleDhuibh taic mhòr dhomh: *Donald Black gave me great help*; tha e air a bhith a' fuireach ann fad a bheatha: *he has been living there all his life*; tha fìor dheagh Ghàidhlig aige: *he has excellent Gaelic*; fiosrachail: *informative*; dà-chànanach: *bilingual*; Naomh Moluag: *Saint Moluag*; cudromach ann an eachdraidh: *important in history*; beò aig an aon àm ri Calum Cille: *alive at the same time as [Saint] Columba*; a rèir beul-aithris: *according to oral tradition*; an e seo an Gàrradh Mòr?: *is this the big enclosure/garden?*; 's e Lios torrach a tha an seo: *this is a fertile garden*; fhuair an t-eilean ainm mar sin: *the island got its name like that*; bha Moluag na anam-charaid don eilean: *Moluag was a soul-friend to the island*; foghlam ann am Manachainn Bheanachair: *education in the monastery of Bangor*; ceann a tuath na h-Èireann: *the north of Ireland*; cladach: *shore*; aig an allt bha craobhan feàrn' a' fàs: *at the burn alder trees were growing*; ràinig e an t-Eilean Dubh: *he reached the Black Isle*; stèidhich X manachainn ann an Ros Mhaircuidh: *X established a monastery in Rosemarkie*; Mortlach ann am Moireibh: *Mortlach in Moray*; àiteachan Crìosdail ann an ainm Mholuaig: *Christian places in the name of Moluag*; ann am Muile, Tiriodh, Ratharsair agus san Eilean Sgitheanach: *on Mull, Tiree, Raasay and Skye*; teampall a tha a' comharrachadh Mholuaig ann an Nis: *a temple that marks [commemorates] Moluag in Ness*; chaochail: *died*; gun robh e air a thiodhlacadh ann an Àird Chlach: *that he was buried in Ardclach*; faisg air Eilginn: *near Elgin*; dh'fhalbh ceithir air fhichead de ghillean làidir Liosach: *24 strong Lismore lads left*; thug iad an naomh dhachaigh: *they took the saint home*; sia ceud bliadhna às dèidh sin: *600 years after that*; chaidh Àrd-eaglais Earra-Ghàidheal a thogail anns an aon àite: *the cathedral of Argyll was built in the same place*.

ends